

---

## **Measadh Co-fharpais BBC Scotland**

Co-chomhairleachadh air dearbhadh sealadach Ofcom

---

### **CO-CHOMHAIRLEACHADH:**

Ceann-là Foillseachaidh: 20 Giblean 2018

Là mu dheireadh airson Fhreagairtean: 18 Cèitean 2018

# 1. Geàrr-chunntas

- 1.1 Tha Ofcom airson faicinn gum bi luchd-amhairc ann an Alba air an deagh fhrithealadh, leis a' BhBC agus leis an earrann chraolaidh san fharsaingeachd. Gus farpais chothromach agus èifeachdach a dhìon, feumaidh Ofcom sgrùdadh a dhèanamh air atharrachaidhean mòra a tha am BBC airson a dhèanamh air a sheirbheisean phoblach TBh, rèidio agus air-loidhne mus tèid na h-atharrachaidhean sin air adhart.
- 1.2 San t-Samhain 2017, dh'fhoillsich am BBC deuchainn ùidh phoblach a' moladh seanail ùr BBC Scotland airson Alba. Sa cho-chomhairleachadh seo tha sinn a' mìneachadh ar dearbhadh sealadach gum faod am BBC am moladh sin a choileanadh. Tha sinn a' toirt geàrr-iomradh air an lèirmheas a tha sinn air a dhèanamh air ùidh phoblach a' BhBC agus an anailis a tha sinn air a dhèanamh gus a thighinn chun a' cho-dhùnaidh gu bheil an luach phoblach a bhiodh am moladh a' tabhann, a' fireanachadh droch bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig seo air farpais chothromach is èifeachdach. San sgrìobhainn seo tha sinn cuideachd a' gabhail a-steach nam beachdan a fhuair sinn bho luchd-ùidh mar fhreagairt air a' Chuireadh gu Beachd a dh'fhoillsich sinn aig deireadh na bliadhna an-uiridh.
- 1.3 Tha sinn a-nis a' cur fàilte air beachdan mu ar co-dhùnadh sealadach. Dùnaidh an co-chomhairleachadh seo air **18 Cèitean 2018** agus tha sinn an dòchas ar co-dhùnadh deireannach fhoillseachadh nas fhaide air adhart air an t-samhradh seo.

### **Toraidhean sealadach ar rannsachaidh**

**Lìbhrigidh an t-seirbheis ùr a tha air a moladh leis a' BhBC luach phoblach do luchd-amhairc:** Tha sinn dhan bheachd gu bheil an comas aig seanail ùr airson Alba luach a chur ri adhbharan poblach a' BhBC. Leudaichidh moladh a' BhBC na roghainnean a bhios aig luchd-amhairc ann an Alba, a' tabhann fòcas nas motha air Alba sna naidheachdan agus a' lìbhrigeadh barrachd susbaint a tha air a dhealbh gus a bhith mar sgàthan air beatha dhaoine ann an Alba. Bu chòir dha cuideachd cuideachadh ann a bhith a' neartachadh riochdachadh san dùthaich. Ach, bidh an luach phearsanta a bhios luchd-amhairc a' faighinn bhuidhe a rèir comas a' BhBC measgachadh de shusbaint de dh'àrd-chàileachd a lìbhrigeadh.

### **Tha sinn dhan bheachd nach eil coltas ann gum bi droch bhuidh aig moladh a' BhBC air farpais:**

Tha sinn a' meas gun coilean an seanail ùr roinn nas motha de dh'amharc ann an Alba na tha am BBC a' sùileachadh, mu dhà uimhir 's a tha ag amharc BBC Four ann an Alba an-dràsta. Ged a dh'fhaodadh seo buaidh a thoirt air co-dhùnidhean gnothachais a nì luchd-farpais a bhios a' call luchd-amhairc chun t-seirbheis ùir, tha an anailis againn dhan bheachd nach bi atharrachadh mòr sam bith san ùidh a bhios aig craoladairean ùrachadh no maoin a chur ann an susbaint ùr airson Alba.

### **Mar a tha cùisean an-dràsta, cha bhi buaidh mhòr aig moladh a' BhBC air a' mhargaidh fharsaing:**

Gus taic a thoirt a' cur an t-seanail air chois, tha am BBC a' planadh seirbheis naidheachdan a mheudachadh ann an Alba. Dh'fhaodadh droch bhuidh a bhith aig leudachadh air-loidhne a bhiodh gu math mòr air luchd-solair naidheachdan coimearsalta. Ach, a rèir cho cuingichte 's a tha planaichean a' BhBC a thaobh seirbheisean air-loidhne sa mholadh aca agus an tobair an ìre mhath sùbailte de thàlant bhom bithear a' fastadh dhaoine chan eilear dhan bheachd gum bi droch bhuidh aige air farpais.

### **Is e ar barail sealadach gum bu chòir cead a thoirt don BhBC airson an t-seirbheis a tha air a mholadh:**

Le bhith a' gabhail a-steach gach nì, tha sinn dhan bheachd gu bheil an luach phoblach a bhiodh am moladh mar a chaidh a chur gu Ofcom leis a' BhBC, a' fireanachadh droch bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig seo air farpais chothromach is èifeachdach.

### **Ach, feumaidh pròiseasan a' BhBC atharrachadh agus a bhith nas soilleir:**

Tha sinn riarachtaiche gun do lean am BBC pròiseasan iomchaidh rè a dheuchainn ùidh phoblaich. Ach san àm ri teachd, bidh sinn a' sùileachadh gun dèan am BBC sgrùdadh air droch bhuidh sam bith a dh'fhaodadh a bhith air luach phoblach, leithid a cho-dhùnadh crìoch a chur air prògramadh air BBC Two, ann an dòigh nas mionaidich. Gus dèanamh cinnteach gun cum treas phàrtaidhean orra misneachd a bhith aca anns na structairean riaghailteach, bidh sinn cuideachd a' sùileachadh gum foillsich am BBC a mheasaidhean mu bhuidh air a' mhargaidh agus a bhith a' dol an sàs ann an dòigh nas fhosgailte.